

CIAMAR A GHABHAS MI PÀIRT?

- Bu chòir do chom-pàirtichean coimhead ri clàran-obrach a' Mhòid Air-loidhne [an seo](https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/) no aig <https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/> gus dearbhadh fhaighinn air an roinn bu chòir dhaibh inntrigeadh.
- An dèidh do ghnìomhadh a chlàradh air fòn-làimhe, camara no inneal de a leithid sin, faodaidh tu an inntear agad a chur a-steach agus a luchdachadh suas tron t-siostam inntrigidh air-loidhne [an seo](https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/) no aig <https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/>
- Lorgar treòrachadh agus stiùiridhean air an dòigh as fheàrr air sin a dhèanamh [an seo](https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/) no aig <https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/>
- Feumaidh an inntear a bhith crìochnaichte agus air a cur a-steach ro - **Dihaoine 21 Lùnastal 2020.**
- Is e inntearan air-loidhne an aon dòigh a-mhàin air inntrigeadh chun a' Mhòid Air-loidhne. Tha taic le inntearan air-loidhne ri fhaotainn le fios a chur gu luchd-obrach A' Chomuinn Ghàidhealaich [an seo](https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/). Tha fiosrachadh conaltraidh ri fhaotainn cuideachd air làrach-lìn a' Chomuinn Ghàidhealaich.

NA RIAGHAILTEAN?

- Chan eil cus riaghailtean a dhith an lùib a bhith comasach air com-pàirteachadh sa Mhòd Air-loidhne.
- A thuilleadh air inntearan leabharlainn, chan eil aig com-pàirtichean ri an roghainn fhacail no an roghainn ciùil fhèin a chur a-steach.
- Bu chòir do chom-pàirtichean lethbhreac de an gnìomhadh a luchdachadh suas ro - **Dihaoine 21 Lùnastal 2020.**
- Feumaidh fileantaich com-pàirteachadh ann am farpaisean fhileantaich agus feumaidh luchd-ionnsachaidh com-pàirteachadh ann am farpaisean luchd-ionnsachaidh.
- Feumaidh com-pàirtichean ann am farpaisean òigridh a bhith taobh a-staigh a' bhuidhinn aoise chomharraichte air 1 Dàmhair 2020.
- Chan eil e dligheach do chom-pàirtiche sam bith fo 18 bliadhna a dh'aois a bhith com-pàirteachadh ann am farpaisean Inbhich.
- Cha bu chòir do chom-pàirtiche an dà chuid farpaisean Òigridh agus farpaisean Inbhich inntrigeadh.

HOW CAN I TAKE PART?

- Participants should refer to the Virtual Mòd syllabuses [here](https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/) or at <https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/> in order to determine which category they should enter.
- Having recorded your performance on a mobile phone, camera or similar device, your submission can be submitted and uploaded via the online system [here](https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/) or at: <https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/>
- Instructions and guidelines as to how best to do this can be found [here](https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/) or at <https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/>. Submissions must be complete and submitted by - **Friday 21st August 2020.**
- Online submissions are the only form of entry for the Virtual Mòd. Support with online submissions is available by contacting An Comunn Gàidhealach staff [here](https://ancomunn.co.uk/air-loidhne/). Contact details are also available on An Comunn Gàidhealach's website.

WHAT ARE THE RULES?

- There are not too many rules involved to be able to participate in the Virtual Mòd.
- With the exception of literary submissions, participants do not have to submit own choice words or music.
- Participants should upload a copy of their performance by - **Friday 21st August 2020.**
- Fluent speakers must enter fluent categories and learners must enter learner categories.
- Participants in junior categories must be within the specified age group on the 1st of October 2020.
- Any participant under 18 years is not eligible for Senior categories.
- A participant should not enter in both Junior and Senior categories.



MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL AIR-LOIDHNE

VIRTUAL ROYAL NATIONAL MÒD

DÀMHAIR / OCTOBER 2020

CIAMAR A BHIOS FIOS AGAM AM BU CHÒIR DHOMH FARPAISEAN FHILEANTAICH NO LUCHD-IONNSACHAIDH INNTRIGEADH?

- A thaobh fharpaisean òigridh, ma tha pàiste ga oideachadh tro mheadhan na Gàidhlig agus ann am Clas 4 no nas àirde aig àm a' Mhòid Air-loidhne san Dàmhair, feumaidh e/i com-pàirteachadh ann am farpaisean nam fileantach.
- A thaobh fharpaisean inbhich, bu chòir do chom-pàirtichean an ùghdarras a chleachdadh agus co-dhùnadh a bheil iad fileanta sa chànan no nach eil, mus inntrig iad na farpaisean buntainneach.
- Faodaidh an dà chuid farpaisich fhileanta agus ionnsachaidh com-pàirteachadh ann am farpaisean fosgailte.

DÈ NA RIAGHAILTEAN A THA AN LÙIB CLUICH IONNSRAMAID, MA THA MI AIRSON COM-PÀIRTEACHADH?

- Bidh com-pàirteachadh ann an aon sam bith de na farpaisean Pìobaireachd gu fèin-ghluasadach a' toirmeasg com-pàirt ann am farpaisean Feadain.
- Bu chòir do chom-pàirtichean dèanamh cinnteach gu bheil am Fonn Mall aca à tùs Gàidhlig. Far am feum ceòl a bhith 'de thùs Gàidhlig', tha seo a' ciallachadh **fonn òran Gàidhlig, no fonn dannsa no fonn mall bhon traidisean Ghàidhlig.**

HOW DO I KNOW IF I SHOULD ENTER FLUENT OR LEARNER CATEGORIES?

- For junior categories, if a child is being educated through the medium of Gaelic, and will be in Primary 4, or above, at the time of the Virtual Mòd in October, he/she must be entered into Fluent categories.
- For senior categories, participants should use their discretion and determine whether they are fluent in the language or not before entering respective categories.
- Open categories are open to both fluent and learner participants.

WHAT ARE THE RULES IF I PLAY AN INSTRUMENT AND WANT TO PARTICIPATE?

- Participation in any of the piping categories will automatically exclude a participant from taking part in the Chanter categories.
- Participants should ensure that their Slow Air is of Gaelic origin. Where music is required to be 'of Gaelic origin' this will mean that it should be the **melody of a Gaelic song, or a dance tune or slow air from the Gaelic tradition.**



MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL AIR-LOIDHNE VIRTUAL ROYAL NATIONAL MÒD

DÀMHAIR / OCTOBER 2020

DÈ NA RIAGHAILTEAN A THA CO-CHEANGAILTE RI FARPAISEAN LITREACHAIS IS EALAIN?

- Feumaidh na tagraidhean litreachais uile a bhith de dh'obair thùsail neo-cheartaichte an fharpaisiche.
- Feumaidh an obair uile a bhith clò-sgrìobhte agus bu chòir a cur a-steach ann am fòrmat Microsoft Word.

DÈ MU DHEIDHINN CÒISIREAN, BUIDHNEAN AGUS CÀRAIDEAN?

- Tha na cuibhreachaidhean làithreach ga dhèanamh doirbh do bhuidhnean a thighinn còmhla gu pearsanta.
- Ach, tha sinn mothachail gu bheil daoine anabarrach cruthachail a thaobh a bhith a' cruthachadh ceòl air-loidhne, agus mun àm a bhios am Mòd Air-loidhne a' gabhail àite san Dàmhair, dh'fhaodadh gum bi e comasach gnìomhaidhean buidhne a cheadachadh.
- Ged nach eil roinnean sònraichte air an eagrachadh a thaobh Còisirean, Càraidean, Còmhlain no Buidhnean Ionnsramaideach, bhiomaid air leth toilichte nam biodh e comasach do bhuidhnean gnìomhaidhean a chur a-steach, a ghabhadh an taisbeanadh aig a' Mhòd Air-loidhne.

WHAT ARE THE RULES FOR LITERARY AND ART CATEGORIES?

- All literary submissions must be the entrant's original, uncorrected work.
- All work must be typewritten and should be submitted in Microsoft Word format.

WHAT ABOUT CHOIRS, GROUPS AND DUETS?

- Current restrictions make it difficult for groups to come together in person.
- However, we are aware that people are being incredibly creative in terms of creating music online and by the time the Virtual Mòd takes place in October restrictions may allow group performances to take place.
- Although there are no specific categories for Choirs, Duets, Folk Groups, or Instrumental Groups, we would be delighted if groups are able to submit performances which could be showcased during the Virtual Mòd.

AM FAIGH MI MEASADH AIR A' GHNÌOMHADH AGAM?

- Thèid gnìomhaidhean a mheasadh le pannal neo-eisimeileach a bhuilicheas measadh 'Anabharrach', 'Àrd-Mholta agus 'Ionmholta' air gnìomhaidhean. Cha bhi comharran no sgòran gam buileachadh.
- Thèid gnìomhaidhean a thaisbeanadh air àrd-ùrlaran sòisealta A' Chomuinn Ghàidhealaich aig àm a' Mhòid Air-loidhne.

AN TÈID DUaisean a bhuileachadh airson gnìomhaidhean?

- Air sàilleabh dhùbhlain ro-innleachdail agus cuibhreachaidhean làithreach, chan eil sinn comasach air geall-dùbhlain no buinn a thoirt seachad am-bliadhna.
- Bidh sinn a' buileachadh theisteanasan a' Mhòid Air-loidhne airson gnìomhaidhean 'Anabharrach', 'Àrd-Mholta' agus 'Ionmholta'.

DE MURA H-EIL MI AIRSON MO GHNÌOMHADH A THAISBEANADH AIR MEADHANAN SÒISEALTA AIG A' MHÒD AIR-LOIDHNE?

- Tha sinn airson a bhith comasach air ur gnìomhaidhean a roinn agus saidhbheas ar cànan 's ar cultair a thaisbeanadh tron Mhòd Air-loidhne san Dàmhair 2020. Ach, tha sinn a' tuigsinn mura bi sibh deònach ur gnìomhadh a thaisbeanadh.
- Faodaidh com-pàirtichean cead a dhiùltadh do an gnìomhadh a bhith air a thaisbeanadh rè a' Mhòid Air-loidhne, tron roghainn ro-aonta a thaghadh aig àm innteartan a chur a-steach air-loidhne.
- Ma thaghas com-pàirtichean an roghainn ro-aonta aig an ìre seo, chan fhoillsichear an gnìomhadh agus cha bhi e taisbeante aig a' Mhòd Air-loidhne.

WILL I RECEIVE AN ADJUDICATION FOR MY PERFORMANCE?

- Performances will be assessed by an independent panel who will award 'Exceptional', 'Highly Commended' and 'Commended' performances. There will be no marks or scores awarded.
- Performances will be showcased on An Comunn Gàidhealach's social media platforms during the Virtual Mòd.

WILL PRIZES BE AWARDED FOR PERFORMANCES?

- Due to logistical challenges and current restrictions, we are unable to hand out trophies or medals this year.
- We will be awarding Virtual Mòd certificates to 'Exceptional', 'Highly Commended' and 'Commended' performances.

WHAT IF I DON'T WANT MY PERFORMANCE TO BE SHOWCASED ON SOCIAL MEDIA DURING VIRTUAL MÒD WEEK?

- We want to be able to share your performances and showcase the richness of our language and culture during the Virtual Mòd in October 2020. However, we understand if you do not wish your performance to be shown.
- Participants may refuse consent for their performance to be shown during the Virtual Mòd by choosing the opt-out option at the time of submitting their entries online.
- If participants opt-out at this stage, their performance will remain undisclosed and will not be showcased during the Virtual Mòd.



MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL AIR-LOIDHNE VIRTUAL ROYAL NATIONAL MÒD DÀMHAIR / OCTOBER 2020

TUILLEADH FIOSRACHAIDH

Airson tuilleadh fiosrachaidh mun
Mhòd Nàiseanta Rìoghail Air-loidhne 2020,
tadhailibh air www.ancomunn.co.uk no cuiribh fios gu
info@ancomunn.co.uk, Fòn: 01463 709705

MORE INFORMATION

For further information on
The Virtual Royal National Mòd 2020,
please visit www.ancomunn.co.uk; or contact info@ancomunn.co.uk,
Tel. 01463 709705



CLÀR-OBRACH ÒIGRIDH AIR-LOIDHNE JUNIOR ONLINE SYLLABUS

ROINNEAN SEINN / SINGING CATEGORIES

Seinn Aon-neach / Solo Singing			
S1	Fileanta – Nigheanan (<i>Fluent Girls</i>)	U13	Seinn aon òran. An Roghainn Fhèin. (<i>Singing of one song. Own Choice</i>)
S2	Fileanta – Balaich (<i>Fluent Boys</i>)	U13	
S3	Fileanta – Nigheanan (<i>Fluent Girls</i>)	U19	
S4	Fileanta – Balaich (<i>Fluent – Boys</i>)	U19	
S5	Luchd-ionnsachaidh – Nigheanan (<i>Learners - Girls</i>)	U13	
S6	Luchd-ionnsachaidh – Balaich (<i>Learners – Boys</i>)	U13	
S7	Luchd-ionnsachaidh – Nigheanan (<i>Learners Girls</i>)	U19	
S8	Luchd-ionnsachaidh – Balaich (<i>Learners – Boys</i>)	U19	
Seinn san t-Seann Nòs / Traditional Singing			
S9	Fosgailte (<i>Open</i>)	U13	Aon òran air a sheinn ann an stoidhle an t-seann nòis. An Roghainn Fhèin. (<i>One song sung in the traditional style. Own Choice</i>)
S10	Fosgailte (<i>Open</i>)	U19	
Seinn Aon-neach / Solo Singing			
S11	Fosgailte (<i>Open</i>)	Òigridh (<i>Junior</i>)	Roinn Caledonian Mhic a’ Bhriuthainn. Seinn òran eilein. An Roghainn Fhèin. (<i>Caledonian MacBrayne Category. Singing of an island song. Own choice</i>)

MÒD NÀISEANTA RÌOGHAIL AIR-LOIDHNE

VIRTUAL ROYAL NATIONAL MÒD

DÀMHAIR / OCTOBER 2020

CLÀR-OBACH ÒIGRIDH AIR-LOIDHNE JUNIOR ONLINE SYLLABUS

ROINNEAN BEUL-AITHRIS / ORAL CATEGORIES

Innse-sgeulachdan / Storytelling			
BA1	Fosgailte (Open)	U13	Innis sgeulachd ded Roghainn Fhèin. Ùine suas gu 5 mionaidean. (Tell a story of Own Choice. Maximum time is 5 minutes)
BA2	Fosgailte (Open)	U19	
Aithris Bàrdachd / Poetry Recitation			
BA3	Fileanta (Fluent)	U13	Aithris pìos bàrdachd. An Roghainn Fhèin. (Recitation of a piece of poetry. Own Choice)
BA4	Fileanta (Fluent)	U19	
BA5	Luchd- ionnsachaidh (Learners)	U13	
BA6	Luchd- ionnsachaidh (Learners)	U19	

CLÀR-OBRACH ÒIGRIDH AIR-LOIDHNE JUNIOR ONLINE SYLLABUS

ROINNEAN IONNSRAMAIDEAN / INSTRUMENTAL CATEGORIES

Ionnsramaidean /	Instrumental		
P1	Piàna (Piano)	U13	Cluich Fonn Mall agus Ceòl-caismeachd. An Roghainn Fhèin. (Play a slow Gaelic Air and March. Own Choice)
P2	Piàna (Piano)	U19	Cluich Fonn Mall agus Ceòl-caismeachd. An Roghainn Fhèin. (Play a slow Gaelic Air and March. Own Choice)
F1	Fidheall (Fiddle)	U13	Cluich Fonn Mall agus Ceòl-caismeachd, Srath-spè agus Ruidhle. An Roghainn Fhèin. Bu chòir don t-Srath-spè agus Ruidhle a bhith bho thùs Gàidhlig. (Play a slow Gaelic Air and March, followed by a Strathspey and Reel. Own Choice. The Strathspey and Reel should be of Gaelic origin)
F2	Fidheall (Fiddle)	U19	Cluich Fonn Mall agus Ceòl-caismeachd, Srath-spè agus Ruidhle. An roghainn fhèin. Bu chòir don t-Srath-spè agus Ruidhle a bhith bho thùs Gàidhlig. (Play a slow Gaelic Air and March, followed by a Strathspey and Reel. Own Choice. The Strathspey and Reel should be of Gaelic origin)
B1	Bogsa (Piàna no 3/4/5 sreath phutain le beus Stradella) Accordion (Piano or 3/4/5 row button with Stradella bass)	U13	Cluich Ceòl-caismeachd, Srath-spè agus Ruidhle ann an gnàthas Gàidhealach/Gàidhlig/Piobaireachd. An Roghainn Fhèin. (Play a March, Strathspey and Reel in the Highland/Gaelic/Piping idiom. Own Choice)
B2	Bogsa (Piàna no 3/4/5 sreath phutain le beus Stradella) Accordion (Piano or 3/4/5 row button with Stradella bass)	U19	Cluich Ceòl-caismeachd, Srath-spè agus Ruidhle ann an gnàthas Gàidhealach/Gàidhlig/Piobaireachd. An Roghainn Fhèin. (Play a March, Strathspey and Reel in the Highland/Gaelic/Piping idiom. Own Choice)
B3	Bogsa (Piàna no 3/4/5 sreath phutain le beus Stradella) Accordion (Piano or 3/4/5 row button instrument with Stradella bass)	U19	Cluich taghadh de phuirt thraidiseanta cho- aimsireil. An Roghainn Fhèin. (Play a selection of contemporary traditional tunes. Own Choice)

CLÀR-OBRACH ÒIGRIDH AIR-LOIDHNE JUNIOR ONLINE SYLLABUS

ROINNEAN IONNSRAMAIDEAN / INSTRUMENTAL CATEGORIES

Feadan is Pìob-mhòr / Chanter & Bagpipes			
PB1	Feadan (Chanter)	Fosgailte (Open)	Cluich Caismeachd 2/4. An Roghainn Fhèin. 2 phàirt a-mhàin (Neach-ionnsachaidh a-mhàin) <i>Play a 2/4 March. Own Choice. 2 parts only (Novices only)</i>
PB2	Pìob (Bagpipes)	Fosgailte (Open)	Cluich Caismeachd 2/4. An Roghainn Fhèin. (Neach-ionnsachaidh a-mhàin – pìobairean sa chiad bhliadhna de chluich na pìoba mòire). (Play a 2/4 March. Own Choice. <i>(Novices only-piper's in their first full year of playing the bagpipes)</i>
PB3	Pìob (Bagpipes)	U13	Cluich Caismeachd 2/4, Srath-spè agus Ruidhle. An Roghainn Fhèin. Co-dhiù 4 phàirtean an urra. <i>(Play a 2/4 March, Strathspey and Reel. Own Choice. Minimum 4 parts each)</i>
PB4	Pìob (Bagpipes)	U19	Cluich Caismeachd 2/4, Srath-spè agus Ruidhle. An Roghainn Fhèin. Co-dhiù 4 phàirtean an urra. <i>(Play a 2/4 March, Strathspey and Reel. Own Choice. Minimum 4 parts each)</i>
PB5	Pìob (Bagpipes)	U13	Cluich seata phuirt cho-aimsireil. An Roghainn Fhèin. <i>(Play a contemporary set of tunes. Own choice)</i>
PB6	Pìob (Bagpipes)	U19	Cluich seata phuirt cho-aimsireil. An Roghainn Fhèin. <i>(Play a contemporary set of tunes. Own choice)</i>
PB7	Pìob (Bagpipes)	Fosgailte (Open)	Cluich ùrlar Pìobaireachd (Neach-ionnsachaidh a-mhàin) <i>Play the ground of a Piobaireachd (Novices only)</i>
PB8	Pìob (Bagpipes)	U13	Pìobaireachd. An Roghainn Fhèin. <i>(Piobaireachd. Own Choice)</i>
PB9	Pìob (Bagpipes)	U19	Pìobaireachd. An Roghainn Fhèin. <i>(Piobaireachd. Own Choice)</i>

CLÀR-OBRACH ÒIGRIDH AIR-LOIDHNE JUNIOR ONLINE SYLLABUS

ROINNEAN IONNSRAMAIDEAN / INSTRUMENTAL CATEGORIES

Roinnean Clàrsaich / Clàrsach Categories			
C1	Luchd-ionnsachaidh (Introductory)	Ceòl ionnsramaidean bho thùs Gàidhlig. An Roghainn Fhèin. (Own Choice instrumental piece of Gaelic origin)	Ro-ìre 1 (Pre-grade 1)
C2	A' chiad ìre (Elementary)	Ceòl ionnsramaidean bho thùs Gàidhlig. An Roghainn Fhèin. (Own Choice instrumental piece of Gaelic origin)	Ìre 1-2 (Grade 1-2)
C3	Eadar- mheadhanach (Intermediate)	Ceòl ionnsramaidean bho thùs Gàidhlig. An Roghainn Fhèin. (Own Choice instrumental piece of Gaelic origin)	Ìre 3-4 (Grade 3-4)
C4	Adhartach (Advanced)	Ceòl ionnsramaidean bho thùs Gàidhlig. An Roghainn Fhèin. (Own Choice instrumental piece of Gaelic origin)	Ìre 5 (Grade 5)

CLÀR-OBRACH ÒIGRIDH AIR-LOIDHNE JUNIOR ONLINE SYLLABUS

ROINNEAN MEADHANAN, EALAIN & LITREACHAS / MEDIA, ART & LITERATURE CATEGORIES

Roinnean Mheadhanan / Media Categories			
M1	Film Goirid / Vloga (Short Film / Vlog)	Fosgailte (Open)	Ullaich film goirid / vloga nach eil nas fhaide na 10 mionaidean mu chuspair ded roghainn fhèin. <i>(Prepare a short film / vlog not exceeding 10 minutes duration on a topic of your own choice)</i>
Ealain – Fosgailte / Art - Open			
E1	Fosgailte (Open)	U13	Ullaich postair le susbaint Gàidhlig mu chuspair ded roghainn fhèin. <i>(Prepare a poster with Gaelic word content on a topic of your Own Choice)</i>
E2	Fosgailte (Open)	U19	
Litreachas / Literary			
L1	Fosgailte (Open)	U13	Sgrìobh sgeulachd ghoirid, dàn no artaigil pàipeir-naidheachd mu chuspair ded roghainn fhèin. <i>(Write a short story, poem or newspaper article on a topic of your Own Choice)</i>
L2	Fosgailte (Open)	U19	Sgrìobh sgeulachd ghoirid, dàn no artaigil pàipeir-naidheachd mu chuspair ded roghainn fhèin. <i>(Write a short story, poem or newspaper article on a topic of your Own Choice)</i>
COU	Òran Ùr (New Song)	Òran Ùr Gàidhlig air a chur ri ceòl. Faodaidh barrachd na aon neach a bith an sàs san obair. <i>(New Gaelic song put to music. More than one person may be involved in this work)</i>	

CLÀR-OBRACH ÒIGRIDH AIR-LOIDHNE
JUNIOR ONLINE SYLLABUS

DANNSA ALBANNACH / SCOTTISH DANCING

Taisbeanadh Dannsa Albannach / Scottish Dancing Showcase		
D1	7-10 bliadhna / years	Clàraibh bhideo ri pios ciùil ainmichte (an àite farpais). Cuiridh dannsairean taisbeanaidhean air dòigh airson na roinnean aois aca fhèin, le taic bho phàrantan agus luchd-teagasg. Bidh cead aig neach-ionnsachaidh pìos a tha iad air a thaisbeanadh mu thràth a chleachdadh. Gheibhear an ceòl ainmichte airson an roinn seo gu h-ìosal) <i>(Submit a video recording to set music (instead of a competition).</i> <i>Dancers will choreograph arrangements with help from parents or teachers within their age groupings. Less experienced competitors may choose to use an existing practice piece.</i> <i>The set music can be found below)</i> https://open.spotify.com/track/403pgu8nRae6Vc4bNnTkU6?si=14354lvzQXWgI-IR7XlrmA
D2	11-15 bliadhna / years	Clàraibh bhideo ri pios ciùil ainmichte (an àite farpais). Cuiridh dannsairean taisbeanaidhean air dòigh airson na roinnean aois aca fhèin, le taic bho phàrantan agus luchd-teagasg. Bidh cead aig neach-ionnsachaidh pìos a tha iad air a thaisbeanadh mu thràth a chleachdadh. Gheibhear an ceòl ainmichte airson an roinn seo gu h-ìosal) <i>(Submit a video recording to set music (instead of a competition).</i> <i>Dancers will choreograph arrangements with help from parents or teachers within their age groupings. Less experienced competitors may choose to use an existing practice piece.</i> <i>The set music can be found below)</i> https://open.spotify.com/track/0VOK10jPcwr7QKAVbC0jR8?si=HUV4FT9ZTECLfw_VsCCTyA

CLÀR-OBRACH ÒIGRIDH AIR-LOIDHNE
JUNIOR ONLINE SYLLABUS

DANNSA ALBANNACH / SCOTTISH DANCING

D3	16 bliadhna no còrr / years and over	Clàraibh bhideo ri pios ciùil ainmichte (an àite farpais). Cuiridh dannsairean taisbeanaidhean air dòigh airson na roinnean aois aca fhèin, le taic bho phàrantan agus luchd-teagasg. Bidh cead aig neach-ionnsachaidh pìos a tha iad air a thaisbeanadh mu thràth a chleachdadh. Gheibhear an ceòl ainmichte airson an roinn seo gu h-ìosal) <i>(Submit a video recording to set music (instead of a competition).</i> <i>Dancers will choreograph arrangements with help from parents or teachers within their age groupings. Less experienced competitors may choose to use an existing practice piece.</i> <i>The set music can be found below)</i> https://open.spotify.com/track/63JidtEM5JadXA6SApXe9C?si=bGH0Eq5EQLWRKlv6fwqBSA
----	--	--

CLÀR-OBRACH INBHICH AIR-LOIDHNE
SENIOR ONLINE SYLLABUS

ROINNEAN SEINN / SINGING CATEGORIES

Seinn Aon-neach / Solo Singing			
IS1	Fileanta (Fluent)	Fosgailte (Open)	Seinn aon òran. An Roghainn Fhèin. (Singing of one song. Own choice.)
IS2	Luchd- ionnsachaidh (Learners)	Fosgailte (Open)	
Seinn Aon-neach – Seann-nòs / Solo Singing - Traditional			
IS3	Fosgailte (Open)	Fosgailte (Open)	Seinn aon òran ann an stoidhle seann nòis. An Roghainn Fhèin. (Singing of one song sung in the traditional style. Own Choice)
Seinn Aon-neach / Solo Singing – Puirt-à-beul			
IS4	Fosgailte (Open)	Fosgailte (Open)	Seinn seata de phuirt-à-beul. An Roghainn Fhèin. (Singing a set of puirt-a-beul. Own choice)
Seinn Aon-neach / Solo Singing			
IS5	Fosgailte (Open)	Fosgailte (Open)	Roinn Caledonian Mhic a’ Bhriuthainn. Seinn òran eilein. An Roghainn Fhèin. (Caledonian MacBrayne Category. Singing of an island song. Own choice)

CLÀR-OBACH INBHICH AIR-LOIDHNE SENIOR ONLINE SYLLABUS

ROINNEAN BEUL-AITHRIS

Aithris Bàrdachd – Fosgailte / Poetry Recitation – Open		
IBA1	Fosgailte (Open)	Leughadh dàn. An Roghainn Fhèin. (Reading a poem. Own choice)
IBA2	Fosgailte (Open)	Innis sgeulachd. An Roghainn Fhèin. (Tell a story. Own choice)
IBA3	Fosgailte (Open)	Leughadh pìos rosg. An Roghainn Fhèin. (Reading a piece of prose. Own choice)

ROINNEAN IONNSRAMAIDEAN / INSTRUMENTAL CATEGORIES

Fidheall – Fosgailte / Fiddle - Open			
IF1	Fidheall (Fiddle)	Cluich Fonn Mall agus Ceòl-caismeachd, Srath-spè is Ruidhle. An Roghainn Fhèin. (Play a slow Gaelic Air and March, Strathspey and Reel. Own choice)	
Bogsa – Fosgailte / Accordion - Open			
IB1	Bogsa (Accordion)	Cluich Ceòl-caismeachd, Srath-spè is Ruidhle. An Roghainn Fhèin. (Play a March, Strathspey and Reel. Own choice)	
IB2	Bogsa (Accordion)	Cluich seata Bhalsaichean Gàidhlig. An Roghainn Fhèin. (Play a Gaelic Waltz set. Own choice)	
Clàrsach			
IC	Clàrsach	Pìos ionnsramaideach bho thùs Gàidhlig. An Roghainn Fhèin. (Own Choice instrumental piece of Gaelic origin)	Fosgailte do gach ìre. (Open to any level)

CLÀR-OBRAICH INBHICH AIR-LOIDHNE
SENIOR ONLINE SYLLABUS

ROINNEAN LITREACHAIS / LITERARY CATEGORIES

IL1	Dealbh-chluich (Play)	Dealbh-chluich ùr sgrìobhte mu chuspair sam bith. (New play written on any subject)	
IL2	Sgrìobhadh (Writing)	Artaigil de nas lugha na 2,000 facal. (Article of less than 2,000 words)	
IL3	Bàrdachd (Poetry)	Trì pìosan bàrdachd, ann an stoidhle thraidiseanta no cho-aimsireil, mu chuspair sam bith. (Three pieces of poetry, in either traditional or contemporary style, on any subject)	
IL4	Sgrìobhadh (Writing)	Sgeulachd de nas lugha na 2,000 facal mu chuspair sam bith. (Short story of less than 2,000 words on any subject)	
IL5	Co-sheirm Chòisirean (Choral Arrangement)	Do ghuthan inbheach fireann, boireann no measgaichte – an roghainn fhèin de dh’òran bhon traidisean Ghàidhlig. (For adult male, female or mixed voices - own choice of a song from the Gaelic tradition)	
IL6	Sgrìobhadh (Writing)	Rosg neo-fhicsean de mu 2,000 facal. (Non-fiction prose of approximately 2,000 words)	
Meadhanan / Media			
IL7	Film Goirid / Vlog (Short Film / Vlog)	Fosgailte (Open)	Ullaich film goirid / vloga nach eil nas fhaide na 10 mionaidean mu chuspair ded roghainn fhèin. (Prepare a short film / vlog not exceeding 10 minutes duration on a topic of your own choice)
IOU	Òran Ùr (New Song)	Òran Ùr Gàidhlig air a chur ri ceòl. Faodaidh barrachd na aon neach a bith an sàs san obair. Cuiribh a-steach lethbhreac de na facail sgrìobhte, eadar-theangachadh agus ceòl. (New Gaelic song put to music. More than one person may be involved in this work. Please submit a copy of written words, translation and music)	